

C1-4-2-1 Modal 4 Aonad 2

Earrannan Èisteachd

Earrann bhidio 1 (1. Èist agus coimhead) Cuspairean-sgoile

- C1-4-2-2 a. Iain: Is mise lain. Tha mi a' fuireach ann an Uibhist. Is toigh leam Matamataig.
- C1-4-2-3 b. Tidsear: Suidhibh sìos agus bitibhbh sàmhach. Madainn mhath, a Chatriona. Ciamar a tha thu an-diugh?
Catriona: Tha gu math, tapadh leibh. Is toigh leam Gàidhlig.
- C1-4-2-4 c. Sìne: Is toigh leam Eaconamas Dachaigh. An toigh leat Eaconamas Dachaigh, a Mhàrtainn?
Màrtainn: Cha toigh, ach is toigh leam cèic. (a' suathadh a stamaig!)
- C1-4-2-5 d. Kevin: Is toigh leam Ceòl. Tha an tidsear math. Gabh mo leisgeul.
- C1-4-2-6 e. Seònaid: Is toigh leam Beurla. Tha mi math air leughadh agus sgriobhadh.
- C1-4-2-7 f. Aonghas: Is mise Aonghas. Tha mi trang a' dèanamh dealbh.
Is toigh leam Ealain.
- C1-4-2-8 g. Emma: Cha toigh leam Ealain idir. Chan eil mi math air peantadh idir.
- C1-4-2-9 h. Dòmhnull: Is toigh leam Eachdraidh. Tha i inntinneach.
Sìne: Is toigh leam Cruinn-eòlas. A-nise, càit a bheil Barraigh?

C1-4-2-10 Earrann 1 (2. Èist) Is toigh leam Gàidhlig

- 
- C1-4-2-11 a. Is mise Màiri. Is toigh leam Creideamh.
- C1-4-2-12 b. Is mise Calum. Is toigh leam Eachdraidh.
- C1-4-2-13 c. Is mise Daibhidh. Cha toigh leam Nuadh-eòlas.
- C1-4-2-14 d. Is mise Catriona. Is toigh leam Ealain.
- C1-4-2-15 e. Is mise Sìne. Cha toigh leam Ceòl.
- C1-4-2-16 f. Is mise Iain. Is toigh leam Spòrs.
- C1-4-2-17 g. Is mise Seònaid. Is toigh leam Matamataig.
- C1-4-2-18 h. Kevin an seo. Cha toigh leam Beurla.
- C1-4-2-19 i. Is mise Tracey. Cha toigh leam Cruinn-eòlas.
- C1-4-2-20 j. Is mise Mairead. Is toigh leam Saidheans.

C1-4-2-21 Earrann 2 (5. Èist) Is toigh leam Ealain

- C1-4-2-22 a. Hai, is mise Angela agus tha mi dhà-dheug. Cha toigh leam Coimpiutaireachd.
- C1-4-2-23 b. Is toigh leam Ealain. Is mise Seòras. Tha mi ceithir-deug.
- C1-4-2-24 c. Mòrag: Dè an t-ainm a th' ort?
Anna: Is mise Anna.
Mòrag: Dè an aois a tha thu, Anna?
Anna: Tha mi sia-deug.
Mòrag: An toigh leat Eachdraidh, Anna?
Anna: Cha toigh.
- C1-4-2-25 d. Hallò, is mise Brian. Tha mi aon-deug agus tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis. Anns an sgoil is toigh leam Eaconamas Dachaigh.
- C1-4-2-26 e. Aonghas: Dè an aois a tha thu, a Chaluim?
Calum: Tha mi còig-deug.
Aonghas: A Chaluim, an toigh leat Cruinn-eòlas?
Calum: Is toigh.

C1-4-2-27 Earrann bhidio 2 (7. Èist agus coimhead) Tha Matamataig furasta

- 
- C1-4-2-28 a. Is mise Catriona. Is toigh leam Fraingis. Tha i inntinneach.
- C1-4-2-29 b. Is mise Iain. Anns an sgoil is toigh leam Matamataig – tha e furasta. Cha toigh leam Beurla – tha i doirbh.
- C1-4-2-30 c. Is mise Sìne. Is toigh leam an sgoil – tha i sgoinneil. Cha toigh leam Disathairne agus Là na Sàbaid idir.
- C1-4-2-31 d. Is mise Alasdair. Is toigh leam Saidheans anns an sgoil – tha an tidsear èibhinn.
- C1-4-2-32 e. Is mise Màiri. Is toigh leam Nuadh-eòlas – tha e math dha-nìribh. Cha toigh leam Eachdraidh – tha i tioram.
- C1-4-2-33 f. Hai! Calum an seo. Anns an sgoil, is toigh leam Cruinn-eòlas. Tha an tidsear snog agus tha mi math air.
- C1-4-2-34 g. Is mise Tòmas. Cha toigh leam Eòlas Pearsanta is Sòisealta – tha mi sgìth dheth agus tha an tidsear crosta.
- C1-4-2-35 h. Hai! Diane an seo. Cha toigh leam Ealain. Cha d' fhiach i.

C1-4-2-36 Earrann 3 (9. Èist) Carson?

- C1-4-2-37 a. Is mise Crìsdean agus tha mi ceithir-deug. Anns an sgoil, is toigh leam Coimpiutaireachd oir tha i furasta. Cha toigh leam Saidheans idir. Tha e doirbh.
- C1-4-2-38 b. Is mise Catriona. Anns an sgoil, is toigh leam Nuadh-eòlas ach cha toigh leam Eachdraidh. Tha Nuadh-eòlas inntinneach ach tha Eachdraidh tioram.
- C1-4-2-39 c. Hai, is mise Tòmas. Is toigh leam Gàidhlig agus Ealain oir chan eil iad doirbh. Cha toigh leam Spòrs oir chan eil mi math air idir.
- C1-4-2-40 d. Dè do bheachd air Fraingis lain?
- Fraingis? Huh! Cha d' fhiach i! Ach, is toigh leam Gearmailtis. Tha an tidsear math.
- C1-4-2-41 e. Dè as caomh leat anns an sgoil, a Shìne?
- Cha chaomh leam mòran anns an sgoil. Tha mi sgìth dhi. Ach is caomh leam Ceòl. Tha e sgoinneil.
- C1-4-2-42 f. An toigh leat Teicneòlas, a Raonaid?
- Is toigh.
- Carson?
- Tha e feumail agus tha an tidsear èibhinn. Ach, is beag orm Beurla. Chan eil mi math air sgrìobhadh no leughadh.

C1-4-2-43 Earrann 4 (14a. Èist) Tha mi sgìth dheth

- 
- C1-4-2-44 a. Is mise Anndra. Is toigh leam iomain agus ruith. Tha mi fior mhath air iomain. Chan eil dràma a' còrdadh rium. Chan eil mi math oirre.
- C1-4-2-45 b. Calum: Dè do bheachd air càcaireachd, a Shìne?
- Sìne: Cha toigh leam càcaireachd idir. Cha d' fhiach i. Is toigh leam dannsadh agus seinn. Tha iad furasta.
- C1-4-2-46 c. Is mise Pàdraig. Is toigh leam bruidhinn ri mo charaidean air fòn-làimhe. Tha e èibhinn. Cha toigh leam teacsadh – tha mi sgìth dheth.
- C1-4-2-47 d. Is mise Justin. Is toigh leam an TBh. Tha ball-coise math dha-rìribh. Cha toigh leam iasgach – tha e ro dhoirbh.
- C1-4-2-48 e. Hai! Eilidh an seo. Tha geamannan coimpiutair a' còrdadh rium – tha iad sgoinneil. Ach, cha toigh leam Coimpiutaireachd anns an sgoil – tha i caran tioram.
- C1-4-2-49 f. Hallò! Seònaid an seo. Is toigh leam èisteachd ri ceòl – tha ceòl pop cho math. Cha toigh leam rugbaidh – chan eil e ro inntinneach.

C1-4-2-50 Earrann 5 (15. Èist, leugh agus sgrìobh) Tha iad sgoinneil

- C1-4-2-51 a. Màrtainn: Hai! Is mise Màrtainn MacNèill agus tha mi a' fuireach ann an Tiriodh. 'S e eilean beag a th' ann. Tha e caran sàmhach ach is toigh leam fuireach ann. Tha mo cho-là-breith anns a' Mhàrt. Tha mi aon-deug an-dràsta. Chan eil an sgoil a' còrdadh rium idir. "Leugh seo! Sgrìobh sin! Bi modhail, a Mhàrtainn! Bi sàmhach, a Mhàrtainn!" Och, tha mi cho sgìth dhi! Tha èisteachd ri ceòl a' còrdadh rium. Is toigh leam ceòl rockagus meatailt. Is toigh leam geamannan coimpiutair cuideachd – tha iad sgoinneil!
- C1-4-2-52 b. Eilidh: Hallò! 'S e Eilidh NicRath an t-ainm a th' orm. Tha mi trì-deug agus tha mi a' fuireach ann an Obar Dheathain. Tha dannsadh agus dràma a' còrdadh rium agus is toigh leam ceòl pop. Nam bheachd, tha mi fhìn fior mhath air seinn. Anns an sgoil, is toigh leam Beurla agus Spòrs. Cha toigh leam Teicneòlas. Tha e ro dhoirbh!

C1-4-2-53 Earrann 6 (Sùil air ais 4) Tha Saidheans furasta

- C1-4-2-54 a. Tha Saidheans furasta. Is toigh leam an tidsear.
- C1-4-2-55 b. Cha toigh leam Teicneòlas. Tha e doirbh.
- C1-4-2-56 c. Tha Coimpiutaireachd sgoinnej agus tha an tidsear èibhinn.
- C1-4-2-57 d. Tha Beurla inntinneach. Is toigh leam sgrìobhadh agus leughadh.
- C1-4-2-58 e. Tha Spòrs glè mhath. Is toigh leam rugbaidh.
- C1-4-2-59 f. Tha Cruinn-eòlas a' còrdadh rium. Chan eil e doirbh.
- C1-4-2-60 g. Tha Eachdraidh ro thioram.
- C1-4-2-61 h. Nam bheachd, tha Gearmailtis furasta.
- C1-4-2-62 i. Tha Gàidhlig gu math feumail ann an Alba.
- C1-4-2-63 j. Tha Ealain ceart gu leòr, ach cha toigh leam an tidsear.

